



## Atharrachadh le Uilleam à Orange 1688

Nuair a thòisich na Seumasaich ri ar-a-mach, bha fios glè mhath aig daoine a bha a' fuireach ann an Alba agus sa chòrr de Bhreatainn gun robh còmhstri ann roimhe. Bha Cogadh nan Trì Rìoghachdan (no Cogadh Catharra Shasainn) air sgaraidhean mòra a dhèanamh ann an creideamh agus ann am poilitigs. Bha na sgaraidhean sin ann bho ìre na coimhearsnachd suas gu cridhe an Rìghaltais.

B' e monarc Caitligeach a bh' ann an Rìgh Seumas VII Alba & II Shasainn, agus bha na Pàrlamaidean aige ann an Èirinn, an Alba agus an Sasainn a' sior fhàs gràineil air. Nuair a rugadh oighre balaich, Caitligeach, do Sheumas, thug beagan mhòrairean Whig cuireadh do Uilleam à Orange tighinn a-nall. Ach an dèidh do Sheumas teiche air fògradh dhan Fhraing, dh'aontaich Pàrlamaid Shasainn agus Pàrlamaid Alba gun dèanadh iad co-mhonarcan de Uilleam agus a bhean Màiri, an nighean bu shine aig Seumas, a bha na pròstanach. Canar an t-Ar-a-mach 'Glòrmhor' (a' ciallachadh 'gun dòrtadh-fala') ris an seo. Ach b' e an rud a thachair dha-rìribh gun do lean cogadh a bha a' cur taic ri Rìgh Seumas ann an Alba agus ann an Èirinn, far an do dhiùlt Pàrlamaid na h-Èireann gabhail ri Uilleam agus Màiri gu 1691.



Cha b' e a-mhàin gun robh iad nan comharra air atharrachadh poilitigeach, ach ann an Alba, chaidh sgaraidhean creideimh am meud agus bha mì-rian chatharra ann. Ann an Alba, ri linn Sheumais VII, b' e an Eaglais Easbaigeach Phròstanach an creideamh oifigeil a bh' ann an Alba. Ann an 1690, rinn Pàrlamaid na h-Alba Clèireachd mar chreideamh oifigeil na h-Alba

## Fèilidhean, Claidhnean-mòra agus Coille Chnagaidh 1689–91

Ann an 1689, chuir John Graham à Claverhouse, Viscount Dundee (1648–1689) a' ghairm a-mach ag iarraidh luchd-taic a dhèanadh sabaid ann an adhbhar nan Seumasach. Bha sin mar thoradh air an Rìgh Seumas VII a bhith air fhògradh. B' e comann-dair làidir, armailteach a bh' ann an Dundee agus bha tuigse aige air mar a choisneadh e dilseachd is dealas nan Gàidheal; bha fios aige cuideachd mar a dhèanadh e a shlighe tron dùthaich ann an ceann an ear-thuath na h-Alba agus sa Ghàidhealtachd. Bhuannaich feachd Dhundee aig Blàr Choille Chnagaidh air 27 Iuchar 1689, ach chaidh Dundee a mharbhadh sa bhàr. An dèidh bàs Dhundee, chaidh ceannardas na feachd gu Còirnealair Cannon, agus dhearbhadh esan nach b' e comann-dair èifeachdach a bh' ann. Chaidh Cannon a chur fodha trì seachdainean an dèidh sin aig Blàr Dhùn Chaillenn, le feachd bheag. Nuair a bha iad a-nis gun cheannard brosnachail, cha robh na fir a rinn sabaid sa chiad Ar-a-mach Seumasach cho èifeachdach agus chaidh an cur fodha mu dheireadh aig Cromdail.

Tha dà fhar-ainm air John Graham à Claverhouse. 'S e a' chiad fhear *Bloody Clavers* bhon a bha e cho an-ìochdmhor ann a bhith a' cur sìos air na Clèirich air taobh an iar Alba nuair a bha e òg, 's e an dara fear *Bonnie Dundee* an gaisgeach Seumasach a bha air ceann a' chiad Ar-a-mach Seumasach ann an Alba.



### Murt Ghleann Comhann 1692

An dèidh call aig Blàr na Bòinne, bha aig na cinn-chinnidh ri bòid dìlseachd a ghabhail dha na monarcan ùra, Uilleam agus Màiri. Bha cuid de chinn-chinnidh, Maclain air fear dhiubh, air bòid a ghabhail do Sheumas VII & II. Dh'fheumadh iad fuireach ri bhith air an saoradh bhon bhòid sin mus gabhadh iad orra bòid ùr. Air 12 Dùbhlachd, shaor Seumas na cinnidhean bhon bhòid, agus air 28 Dùbhlachd, thàinig teachdaire dhan Ghàidhealtachd leis an naidheachd. Cha robh mòran ùine airson bòid a ghabhail.

Rinn Alasdair Maclain, 12ra Ceann-cinnidh Ghleann Comhann, a shlighe dhan Ghearastan, ach nuair a ràinig e, chaidh a ràdh ris gum feumadh e a dhol 70 mìle chun an t-siorraim an Inbhir Aora, ann an Earra-Ghàidheal. An dèidh grunn thachartasan mì-shealbhach, ràinig Maclain agus ghabh e a' bhòid dìlseachd. Ach air 13 Gearran 1692, mhurt rèiseimeid de shaighdearan an riaghaltais 38 neach, eadar fir, mnathan agus clann. Bha na saighdearan air aigheachd agus a' fuireach còmhla ris na teaghlaicean.



### Aonachadh Anna

Nuair a chaochail Màiri II ann an 1694, agus an uair sin an duine aice Uilleam III & II ann an 1702, chaidh crùn Alba, Shasainn agus Èirinn gu Anna, an aon phàiste phròstanach a bha fhathast beò bho Sheumas VII & II, agus a' chiad bhean aige Anna Hyde, Bana-dhiùc York. Ri linn Anna, chaidh pàrlamaidean Alba is Shasainn aonachadh air sgàth Achd an Aonaidh 1707. Bha Anna an uair sin na Banrigh air Breatainn agus Èirinn. Bha Anna an dùil ri leanabh 17 tursan ann an seachd bliadhna deug (1684–1700) agus bha ochd pàistean deug aice. Cha do rugadh ach còignear dhiubh beò. B' e am fear bu shine dhiubh am Prionnsa Uilleam, Diùc Ghloicester, a chaochail leis a' bhric nuair a bha e aona bliadhna deug.

Chaochail Anna ann an 1714. Seach nach robh oighre beò aice, chaidh an crùn gu Georg Ludwig/Deòrsa I air sgàth Achd an Rèiteachaidh bho 1701. Dhiùlt na Seumasaich gabhail ris an Achd seo, oir bha còrr is leth-cheud neach air thoiseach air Deòrsa ann an sliochd nan oighrean.

### Màrr agus Mac an Tòisich a' gluasad; Blàr Sliabh an t-Siorraim 1715

Chaidh Georg Ludwig/Deòrsa I a chrùnadh air 20 Dàmhair 1714 agus bha e aithnichte mar rìgh Bhreatainn is na h-Èireann, agus mar Eleactair Hanobhair. An dèidh a' chrùnaidh bha mì-rian ann an iomadh baile is àite. Fad mhìosan, bha luchd-taic Sheumais Francis Eideard Stiùbhairt, ainmichte mar Seumas III & VIII, ri mì-rian. Bha a' mhì-rian sin air feadh Bhreatainn is Èirinn, agus dh'adhbharaich e gun deach Achd na h-Ùpraid a chur an gnìomh.

Rinn Seumas Francis Eideard Stiùbhart, a bha air aithneachadh leis na Seumasaich agus aithnichte leis a' Vatican mar Sheumas VIII & III, tagradh ris a' Phàp Clement airson taic agus ar-a-mach Seumasaich a mhaoinichadh.



## Atharrachadh le Uilleam à Orange 1688

Nuair a thòisich na Seumasaich ri ar-a-mach, bha fios glè mhath aig daoine a bha a' fuireach ann an Alba agus sa chòrr de Bhreatainn gun robh còmhstri ann roimhe. Bha Cogadh nan Trì Rìoghachdan (no Cogadh Catharra Shasainn) air sgaraidhean mòra a dhèanamh ann an creideamh agus ann am poilitigs. Bha na sgaraidhean sin ann bho ìre na coimhearsnachd suas gu cridhe an Rìghaltais.

B' e monarc Caitligeach a bh' ann an Rìgh Seumas VII Alba & II Shasainn, agus bha na Pàrlamaidean aige ann an Èirinn, an Alba agus an Sasainn a' sior fhàs gràineil air. Nuair a rugadh oighre balaich, Caitligeach, do Sheumas, thug beagan mhorairean Whig cuireadh do Uilleam à Orange tighinn a-nall. Ach an dèidh do Sheumas teiche air fògradh dhan Fhraing, dh'aontaich Pàrlamaid Shasainn agus Pàrlamaid Alba gun dèanadh iad co-mhonarcan de Uilleam agus a bhean Màiri, an nighean bu shine aig Seumas, a bha na pròstanach. Canar an t-Ar-a-mach 'Glòrmhor' (a' ciallachadh 'gun dòrtadh-fala') ris an seo. Ach b' e an rud a thachair dha-rìribh gun do lean cogadh a bha a' cur taic ri Rìgh Seumas ann an Alba agus ann an Èirinn, far an do dhiùlt Pàrlamaid na h-Èireann gabhail ri Uilleam agus Màiri gu 1691.



Cha b' e a-mhàin gun robh iad nan comharra air atharrachadh poilitigeach, ach ann an Alba, chaidh sgaraidhean creideimh am meud agus bha mì-rian chatharra ann. Ann an Alba, ri linn Sheumais VII, b' e an Eaglais Easbaigeach Phròstanach an creideamh oifigeil a bh' ann an Alba. Ann an 1690, rinn Pàrlamaid na h-Alba Clèireachd mar chreideamh oifigeil na h-Alba

## Fèilidhean, Claidhnean-mòra agus Coille Chnagaidh 1689–91

Ann an 1689, chuir John Graham à Claverhouse, Viscount Dundee (1648–1689) a' ghairm a-mach ag iarraidh luchd-taic a dhèanadh sabaid ann an adhbhar nan Seumasach. Bha sin mar thoradh air an Rìgh Seumas VII a bhith air fhògradh. B' e comann-dair làidir, armailteach a bh' ann an Dundee agus bha tuigse aige air mar a choisneadh e dilseachd is dealas nan Gàidheal; bha fios aige cuideachd mar a dhèanadh e a shlighe tron dùthaich ann an ceann an ear-thuath na h-Alba agus sa Ghàidhealtachd. Bhuannaich feachd Dhundee aig Blàr Choille Chnagaidh air 27 Iuchar 1689, ach chaidh Dundee a mharbhadh sa bhàr. An dèidh bàs Dhundee, chaidh ceannardas na feachd gu Còirnealair Cannon, agus dhearbhadh esan nach b' e comann-dair èifeachdach a bh' ann. Chaidh Cannon a chur fodha trì seachdainean an dèidh sin aig Blàr Dhùn Chailleann, le feachd bheag. Nuair a bha iad a-nis gun cheannard brosnachail, cha robh na fir a rinn sabaid sa chiad Ar-a-mach Seumasach cho èifeachdach agus chaidh an cur fodha mu dheireadh aig Cromdail.

Tha dà fhar-ainm air John Graham à Claverhouse. 'S e a' chiad fhear *Bloody Clavers* bhon a bha e cho an-ìochdmhor ann a bhith a' cur sìos air na Clèirich air taobh an iar Alba nuair a bha e òg, 's e an dara fear *Bonnie Dundee* an gaisgeach Seumasach a bha air ceann a' chiad Ar-a-mach Seumasach ann an Alba.





### Murt Ghleann Comhann 1692

An dèidh call aig Blàr na Bòinne, bha aig na cinn-chinnidh ri bòid dìlseachd a ghabhail dha na monarcan ùra, Uilleam agus Màiri. Bha cuid de chinn-chinnidh, Maclain air fear dhiubh, air bòid a ghabhail do Sheumas VII & II. Dh'fheumadh iad fuireach ri bhith air an saoradh bhon bhòid sin mus gabhadh iad orra bòid ùr. Air 12 Dùbhlachd, shaor Seumas na cinnidhean bhon bhòid, agus air 28 Dùbhlachd, thàinig teachdaire dhan Ghàidhealtachd leis an naidheachd. Cha robh mòran ùine airson bòid a ghabhail.

Rinn Alasdair Maclain, 12ra Ceann-cinnidh Ghleann Comhann, a shlighe dhan Ghearastan, ach nuair a ràinig e, chaidh a ràdh ris gum feumadh e a dhol 70 mìle chun an t-siorraim an Inbhir Aora, ann an Earra-Ghàidheal. An dèidh grunn thachartasan mì-shealbhach, ràinig Maclain agus ghabh e a' bhòid dìlseachd. Ach air 13 Gearran 1692, mhurt rèiseimeid de shaighdearan an riaghaltais 38 neach, eadar fir, mnathan agus clann. Bha na saighdearan air aigheachd agus a' fuireach còmhla ris na teaghlaicean.



### Aonachadh Anna

Nuair a chaochail Màiri II ann an 1694, agus an uair sin an duine aice Uilleam III & II ann an 1702, chaidh crùn Alba, Shasainn agus Èirinn gu Anna, an aon phàiste phròstanach a bha fhathast beò bho Sheumas VII & II, agus a' chiad bhean aige Anna Hyde, Bana-dhiùc York. Ri linn Anna, chaidh pàrlamaidean Alba is Shasainn aonachadh air sgàth Achd an Aonaidh 1707. Bha Anna an uair sin na Banrigh air Breatainn agus Èirinn. Bha Anna an dùil ri leanabh 17 tursan ann an seachd bliadhna deug (1684–1700) agus bha ochd pàistean deug aice. Cha do rugadh ach còignear dhiubh beò. B' e am fear bu shine dhiubh am Prionnsa Uilleam, Diùc Ghloicester, a chaochail leis a' bhric nuair a bha e aona bliadhna deug.

Chaochail Anna ann an 1714. Seach nach robh oighre beò aice, chaidh an crùn gu Georg Ludwig/Deòrsa I air sgàth Achd an Rèiteachaidh bho 1701. Dhiùlt na Seumasaich gabhail ris an Achd seo, oir bha còrr is leth-cheud neach air thoiseach air Deòrsa ann an sliochd nan oighrean.

### Màrr agus Mac an Tòisich a' gluasad; Blàr Sliabh an t-Siorraim 1715

Chaidh Georg Ludwig/Deòrsa I a chrùnadh air 20 Dàmhair 1714 agus bha e aithnichte mar rìgh Bhreatainn is na h-Èireann, agus mar Eleactair Hanobhair. An dèidh a' chrùnaidh bha mì-rian ann an iomadh baile is àite. Fad mhìosan, bha luchd-taic Sheumais Francis Eideard Stiùbhairt, ainmichte mar Seumas III & VIII, ri mì-rian. Bha a' mhì-rian sin air feadh Bhreatainn is Èirinn, agus dh'adhbharaich e gun deach Achd na h-Ùpraid a chur an gnìomh.

Rinn Seumas Francis Eideard Stiùbhart, a bha air aithneachadh leis na Seumasaich agus aithnichte leis a' Vatican mar Sheumas VIII & III, tagradh ris a' Phàp Clement airson taic gun ar-a-mach Seumasaich a mhaoineachadh.



Bha trì phrìomh chùisean a’ bualadh air na Seumasaich a bha a’ fuireach ann an Alba agus bha iad sin an dà chuid a’ sgaradh agus ag aonachadh an adhbhair aca – Achd an Aonaidh 1707; Fògradh nan Stiùbhartach a bha nan rìghrean dligheach; agus dè an seòrsa Phròstanaich a bhiodh a’ riaghladh ann an Alba.

San Lùnastal 1715, thàinig riochdaire Seumasach, John Erskine, 6<sup>mh</sup> Iarla Mhàrr a dh’Alba. Thug Màrr taic dhan aonadh ann an 1707, ach dh’atharraich e inntinn an dèidh sin.

Chùm Màrr a’ chiad chomhairle cogaidh còmhla ri prìomh Sheumasaich san t-Sultain. Chuir 600 fear-sabaid suas suaicheantas nan Seumasach air a thaobh ann am Bràigh Mhàrr. Cha robh guth aig duine gun robh sin a’ dol a thachairt, fiù ‘s aig Seumas Francis Eideard, nach robh air ùghdarras a thoirt airson an ar-a-mach.

Tron oidhche air an 13<sup>mh</sup>/14<sup>mh</sup> Sultain 1715, ghlac am Brigadier-Seanair Uilleam Mac an Tòisich, Uachdaran Bhorlum, Inbhir Nis le còrr is 300 duine.

Air an 22<sup>a</sup> Dàmhair 1715, thug Seumas coimisean do Mhàrr agus chuir e na cheannard e air feachd nan Seumasach ann an Alba.

Nuair a sgaoil an naidheachd seo, thòisich Seumasaich a’ cruinneachadh ann an àiteachan eile, fiù ‘s ann an Sasainn. Chaidh plana a dhèanamh airson ar-a-mach beag aig tuath gus daoine a mhealladh agus an tàladh suas an sin bhon a bha barrachd aca san amharc air taobh an iar Shasainn. Ach chuala an Riaghaltas mu phlanaichean Mhàrr agus chaidh an fheadhainn a bha os cionn an ar-a-mach a chur an grèim sa bhad.

Faisg air deireadh 1715, air 13<sup>mh</sup> dhen t-Samhain, bha Ar-a-mach Seumasach ann nuair a choinnich Màrr agus feachd Seumasach ri feachd an Riaghaltais air Sliabh an t-Siorraim faisg air Peairt. Bha a trì uiread de fheadhan aig an Riaghaltas agus bha an t-sabaid mì-rianail, agus cha robh cinnt cò aig a bha a’ bhuaidh. Bha dùil aig Màrr gun do bhuannaich e agus thug e na feachdan aige air ais a Pheairt. Ach chaidh aig MacAilein air feachdan an Riaghaltais a thoirt còmhla a-rithist ged a bha e air mòran a chall. Aig an aon àm chaidh Mac an Tòisich Bhorlum agus tuilleadh Sheumasach à Alba agus à Sasainn a chur fodha ann am Preston ann an Lancashire.

Anns an Dùbhlachd ràinig ‘an rìgh thar sàile’, no ‘an seann tagraiche’, Seumas Francis Eideard Stiùbhart, Ceann Phàdraig ann an Siorrachd Obar Dheathain agus e an dòchas tagradh a dhèanamh gus an crùn aige fhaighinn air ais. Ach bha e ro fhadalach. Cha do choilean tuilleadh ionnsaighean armaiteach sion. Tràth sa Ghearran 1716, theich Seumas Francis Eideard Stiùbhart agus Màrr dhan Fhraing.

Pheanasaidh an Riaghaltas ceannardan an ar-a-mach. Chaidh beagan dhiubh a mharbhadh agus chaill cuid eile na h-oighreachdan aca.





### Coehorns, Fir-chinnidh agus Gleann Seile 1719

Chan eil Ar-a-mach nan Seumasaich ann an 1719 cho ainmeil ri cuid dhen fheadhainn eile. Thug Riaghaltas na Spàinne taic dhan ar-a-mach ann an 1719 oir bha sìth eadar Breatainn agus an Fhraing – gu h-oifigeil co-dhiù. Bha na Spàinntich airson gun toireadh a’ phrìomh fheachd aca ionnsaigh air taobh an iar Shasainn, ach chaidh an cabhlach aca a sgapadh ann an stoirmean mòra. Gus aire dhaoine a thoirt bhon phrìomh ionnsaigh seo, thug iad cuideachd ionnsaigh air ceann an iar-thuath na Gàidhealtachd.

Chaidh Blàr Ghleann Seile a chur air an 10<sup>mh</sup> Ògmhios 1719 eadar Seumasaich aig an robh taic nam feachdan Spàinnteach, agus feachdan an Riaghaltais aig an robh taic bho na Duitsich agus na h-Eilbheisich. Chaidh am blàr a chur anns an àite as cumhainge dhen bhealach. Bha na Seumasaich anns a’ chuid a b’ àirde dhen bhealach, ged a bha e furasta gu leòr do dh’fheachd an Riaghaltais dèiligeadh ris na Seumasaich leis na moirtearan Coehorn a bha iad a’ losgadh suas dìreach air na Seumasaich. Chuir am blàr crìoch air ar-a-mach ghoirid 1719.

### Ag uidheamachadh airson Ar-a-mach

Bha coltas gun dèanadh na Seumasaich ar-a-mach 12 mìos mus deach bratach nan Seumasaich fhoillseachadh ann an Gleann Fhionnainn air 20 Lùnastal 1745; bha an Fhraing air a bhith a’ cur ionnsaigh air dòigh, ach cha robh guth aig Breatainn air. Bha aimhreit phoilitigeach air an taobh a-staigh, casaidean coirbteachd agus amalaidhean armailteach thall thairis a’ ciallachadh gun robh an riaghaltas ann an suidheachadh gu math lag. Aig an aon àm, bha an Fhraing, a dh’aon ghnòthaich, air a bhith a’ brosnachadh nan cuilbheartan aig Teàrlach Eideard Stiùbhart agus Seumasaich ainmeil eile san Roinn Eòrpa.

Bha fios aig ceannardan Ar-a-mach nan Seumasaich gum feumadh iad trì nithean mus deigheadh leotha:

1. Taic bhon Roinn Eòrpa, gu h-àraidh bhon Fhraing
2. Taic bho na Seumasaich air a’ Ghàidhealtachd agus air Galltachd na h-Alba
3. Taic bho na Seumasaich ann an Sasainn



## Luchd-tadhail gun dùil – Gleann Fhionnainn gu Cùil Lodair 1745

Nuair a ràinig Teàrlach Eideard Stiùbhart taobh an iar Alba san t-samhradh 1745, thug e leis prasgan de luchd-taice agus seachdnar de dh'lùth chompanaich. Le mhodh agus le geallaidhean gun robh cuideachadh a' tighinn às an Fhraing, thug e cuid de chinn-chinnidh air a' Ghàidhealtachd a thaobh gus taic a thoirt dhan adhbhar aige.

Bha mu mhìle gu leth fear an làthair nuair a chaidh a' bhratach fhoillseachadh ann an Gleann Fhionnainn, agus dh'fhalbh feachd nan Seumasach gu deas gus ionnsaigh a thoirt air Lunnainn.

Bha an Riaghaltas cinnteach gun cuireadh Sir John Cope, comanndair nam feachdan ann an Alba, stad air an aimhreit le bhith a' cleachdadh dhùin is ròidean a bha air an ùr-thogail air a' Ghàidhealtachd aig an àm.

Ach dh'fhaillich air, agus mus robh mìos seachad, chaill Cope agus feachdan an Riaghaltais gu dona aig Prestonpans, agus thàinig na Seumasaich air Dùn Èideann gun fhiosta (b' e an gearastan aig a' Chaisteal a-mhàin nach do ghèill). Chaidh Blàr Phrestonpans a chur tràth sa mhadainn air 21 Sultain 1745. Cha robh feachdan an Riaghaltais uabhasach eòlach agus rinn na Seumasaich a' chùis orra. Ghèill feachdan Chope mu dheireadh nuair a thug na feachdan Gàidhealach ionnsaigh orra. Thug a' bhuaidh seo misneachd mhòr dha na Seumasaich agus do Theàrlach Eideard Stiùbhart.

Nuair a choinnich am Prionnsa Teàrlach agus na comanndairean Seumasach ann an Dùn Èideann airson coinneamh cogaidh, bha co-dhùnadh cudromach romhpa. Bha trì roghainnean aca:

- 1. Dh'fhaodadh iad fuireach ann an Alba agus grèim daingeann a chumail air na h-àiteachan a bhuannaich iad.**
- 2. Dh'fhaodadh iad mèarsadh deas dhan Chaisteal Nuadh agus stad a chur air gual bho dhol a Lunnainn.**
- 3. No dh'fhaodadh iad mèarsadh chun an iar-dheas a Lunnainn agus Seumasaich Shasainn a bhrosnachadh gus ar-a-mach a dhèanamh.**

Chuir iad romhpa an treas roghainn fheuchainn. Bha iad an dòchas nuair a bhiodh iad a' teannadh ri Lunnainn gun toireadh an Fhraing ionnsaigh air taobh a' Phrionnsa mar a gheall iad.

Thug e criothnachadh air an Riaghaltas nuair a chaill iad ann am Prestonpans, agus ghairm iad fhèin coinneamh cogaidh. Chuir iad romhpa dà fheachd a thoirt còmhla: aon fheachd fon Àrd-sheanailear Wade ann an ceann an ear-thuath Shasainn faisg air a' Chaisteal Nuadh. Bha an fheachd eile a' dìon Meadhan Shasainn.





### Co-dhùnaidhean ann an Derby

Tràth san Dùbhlachd 1745 ràinig feachd nan Seumasach Derby, a tha 125 mìle à Lunnainn. Bha iad air siubhal gu math luath. Bha bancaichean agus gnothachasan ann an Lunnainn nam boil. Ach cha robh oifigearan nan Seumasach cinnteach asta fhèin.

Bha am Morair George Murray, fear de phrìomh cheannardan nan Seumasach, dhen bheachd gum biodh iad às an rian cumail a' dol. Bha pàirt dhen eagal a bh' air na Seumasaich air sgàth 's gun cual' iad gun robh dà fheachd on Riaghaltas air an cùlaibh agus gun robh feachd eile a' dìon Lunnainn. B' e glè bheag de thaic a fhuair iad bho Sheumasaich ann an Sasainn, bha na Frangaich air tighinn a dh'Alba, ach cha robh dad a choltas gun robh iad a' dol a thoirt ionnsaigh air costa a deas Shasainn.

Aig coinneamhan le daoine gu math feargach air 5 Dùbhlachd, thug comann-dairean eòlach a' Phrionnsa an aghaidh air a' cheannardas aige. Bhiodh beagan làithean eile de mhèarrsadh air an toirt a Lunnainn, ach chaill ceannardan nan Seumasach am misneachd san ro-innleachd aca, agus sa Phrionnsa. Chuir iad romhpa tilleadh a dh'Alba.

Dè nam biodh iad air cumail romhpa? Dè nan robh fios aca gun robh cabhlach às an Fhraing an uair ud fhèin a' dèanamh deiseil airson a dhol tarsainn air Caolas Shasainn a thoirt ionnsaigh?

Ach aig an àm, bha e fhathast doirbh an aghaidh a thoirt air feachd nan Seumasach. Nuair a bha iad an toiseach a' siubhal gu tuath, bha Diùc Chumberland, a bh' air a dhèanamh na àrd-chomann-dair ann an Arm an Riaghaltais goirid roimhe sin, agus na saighdearan aige, goirid air an cùlaibh.

Nuair a bha iad air ais ann an Alba, chuir na Seumasaich fodha feachdan an riaghaltais aig tuath anns an Eaglais Bhric air 17 Faoilleach 1746. Bha mì-rian ann an dèidh a' bhlàir, agus dh'fhaillich air na Seumasaich togail air a' bhuaidh a fhuair iad. Chuir iad romhpa a dhol nas fhaide tuath dhan Ghàidhealtachd airson a' gheamhraidh agus gun tòisicheadh iad às ùr as t-earrach.

### Cabhag gu Tuath

Nuair a chuala Cumberland mar a chaill an riaghaltas san Eaglais Bhric, rinn e cabhag gu tuath. Dh'fheuch na Seumasaich an Gearasdan agus Cille Chuimein, sa Ghleann Mhòr, a ghlacadh. Cha do ghèill gearastain an riaghaltais. Bha goireasan nan Seumasach a-nis a' fàs gann agus bha mòran dhe na loidhnichean solair aca dùinte.

Bha feachd nan Seumasach sgapte air feadh na Gàidhealtachd nuair a thàinig an t-earrach. Thàinig an dà fheachd na b' fhaisce air a chèile. Ghlac feachd nan Seumasach Inbhir Nis deireadh a' Ghearrain; toiseach a' Ghiblein, thòisich feachdan Chumberland a' dèanamh an slighe an iar à Obar Dheathain.

Bha an ùine agus agus an t-airgead a' teirigeachdainn dhan Phrionnsa Teàrlach.




Nuair a mhèarrs Cumberland na saighdearan aige à Obar Dheathain, bha iad ann an deagh staid. Cha b' fhada gus an do dhlùthaich iad air feachd nan Seumasach, agus bha a h-uile duine dhen bheachd gur e seo am blàr deireannach. Bha iad làn misneachd nuair a champaich iad ann an Inbhir Narann air 15 Giblean – bha an 25<sup>mh</sup> co-là-breith aig Cumberland ann agus thug sin cothrom dhaibh air beagan fois is toileachais.

Cha robh na Seumasaich ag iarraidh a dhol a shabaid le cho lag 's a bha iad. Mar sin rinn iad plana èiginneach: bheireadh iad ionnsaigh air feachdan an riaghaltais nuair a bha iad nan cadal. Dh'fheumadh iad an ionnsaigh a thoirt air an oidhche no chitheadh bàtaichean a' Chabhlaich Rìoghail a bh' ann an Linne Mhoireibh iad. Dh'fhàg iad na teintean a' gabhail airson gum gum biodh coltas ann bhon uisge gun robh feachd nan Seumasach a' gabhail fois. Ach 's e thachair gun robh iad ri tòrr sporghail san dorchadas agus chaidh a' chùis gu tur ceàrr, agus chaill na Seumasaich.

Thòisich argamaidean guineach. Bha cuid airson tilleadh dhan Ghàidhealtachd, agus bha cuid eile airson suidheachadh ùr a lorg.

Cha robh roghainn eile ann dhan Phrionnsa no do chuid dhe na comhairlichean aige. Thòisich argamaidean guineach bho na làithean roimhe sin am measg nan oifigearan ann an Taigh Chùil Lodair. Bha cuid de cheannardan nan Seumasach airson tilleadh gu talamh àrd deas air Abhainn Narann, agus cuid eile airson a dhol a dh'Inbhir Nis. Madainn an t-16<sup>mh</sup> Giblean, bha mòran de shaighdearan Theàrlaich nan cadal. Bha iad sgìth an dèidh mèarsadh tron oidhche. Bha feadhainn eile air falbh a lorg biadh no cha robh iad fhathast air tighinn dhan sgìre. Bha feachd Chumberland a' teannadh air feachd Seumasach a bh' ann am mì-rian.

Bha Teàrlach air a bhith fortanach, ach bha sin gus sgur. Air 16 Giblean 1746 chaidh feachd nan Seumasach dhan t-suidheachadh aca air èiginn.



# Goireas Ionnsachaidh Chùil Lodair

## Blàr Chùil Lodair

	Feachd nan Seumasach (5,500 fear)	Feachd an Riaghaltais (8,000 fear)
15 Giblean 1746	Deiseil airson sabaid – tha iad far a bheil 'Clach Chumberland' an-diugh mu 1 km an ear air suidheachadh deireannach 16 Giblean	Campa ann an Inbhir Narann gus an 25 <sup>mh</sup> co-là-breith aig Cumberland a chomharrachadh
15 Giblean 1746 mu 19:00	A' taghadh na 'roghainn nach robh buileach cho dona' dh'aontaich am Morair George Murray a dhol os cionn Mèarrsadh tron Oidhche. Dh'fhàg na Seumasaich na teintean a' gabhail airson a bhith cinnteach nach cuireadh an Cabhlach Rìoghail ann an Linne Mhoireibh fios gu feachd an Riaghaltais gun robh na Seumasaich a' gluasad.	Deagh shunnd ann am Feachd an Riaghaltais is iad air latha fois fhaotainn. Fhuair iad deoch-làidir agus càise.
16 Giblean 1746 3:00	Thuig am Morair George Murray gun do dh'fhàillig e oir cha do chùm dara leth na feachd suas ris agus thionndaidh e iad agus thill iad a dh'Inbhir Nis. Bha na fir fuar, sgìth agus acrach. Cha robh Teàrlach airson tionndadh air ais oir bha e dhen bheachd gun biodh na fir air an dì-mhisneachadh agus gun cailleadh iad buannachd sam bith a bh' aca.	Chaidh gille 17 bliadhna fhacinn a' snàgadh faisg air a' champa. Bha saighdearan an Riaghaltais an dùil gur e fear-brathaidh bho na Seumasaich a bh' ann agus dh'fheuch iad ri chrochadh. Mhìnich ministear Clèireach do Chumberland gun robh duilgheadasan ionnsachaidh aig a' ghille agus gun robh e airson faighinn a-mach mu feachd an Riaghaltais. Dh'ìarr e gun deigheadh an gille a chaomhnadh agus chaidh a leagail an dèidh a bhith crochte mu 10 mionaidean.
5:00		Thòisich iad a' mèarrsadh an iar gu Inbhir Nis.
10:30	Sgapte 1 mhìle an ear air Cùil Lodair. Glè mhirianail an dèidh a' mhèarrsaidh oidhche nach do shoirbhich.	
11:00	Chunnaic iad feachd an Riaghaltais a' tighinn an iar gan ionnsaigh. Chruinnich iad gus loidhnichean batail a dhèanamh. Chaidh maill orra le argamaid agus bha a' bhoglach air beulaibh taobh tuath na feachd.	Chunnaic iad na Seumasaich agus thòisich iad a' dol ann an òrdugh batail.
12:00	A' dol ann an òrdugh, na cinnidhean ag argamaid mu àiteachan air an loidhne aghaidh – tha na Dòmhnallaich air taobh clì a' Phrionnsa agus chleachd iad a bhith air an taobh dheas anns na blàir roimhe sa '45.  O'Sullivan ag iarraidh 1000 duine ann an Lann Chùil na Cuinneig, cha do dh'aontaich am Morair George Murray.	Eachraidh an Riaghaltais agus mailli Earra-Ghàidheal a' gluasad do Lann Chùil na Cuinneig.
Am blàr a' tòiseachadh	Loisg gunnathan-mòra nan Seumasach an toiseach.  Na Seumasaich a' toirt freagradh do Mhailisi Earra-Ghàidheal a' leagail pàirt de bhalla àrd cloiche Lann Chùil na Cuinneig agus chuir iad 1000 fear gus a dhèanamh tèarainte; thug sin air falbh a' mhòr-chuid dhen dara loidhne aig na Seumasaich.	Na Gunnathan-mòra Rìoghail a' losgadh air ais, le urchairean cruinn iarainn gan losgadh bhon ghunna-achaidh a h-uile 40 diog, agus a' milleadh ghunnathan-mòra nan Seumasach sa mheadhan.  Mailisi Earra-Ghàidheal a' tòiseachadh a' ballachan Lann Chùil na Cuinneig a leagail.
+ 5 mionaidean	A' ghaoth a' seideadh ceò bho loidhne an Riaghaltais gu na Seumasaich, ga dhèanamh doirbh dhaibh faicinn. Le canan is bomaichean mortair a' frasadh orra, dh'fhuirich rèisimeidean nan Seumasach air ais, a' feitheamh òrdan gus ionnsaigh a thoirt. Chaidh an t-òrdan son ionnsaigh a thoirt le teachdaire a bha a' marcachd sìos loidhne nan Seumasach, bhon taobh a tuath (clì) aca chun an taoibh dheis (deas), ach mharbh na gunnaichean-mòra a' chiad teachdaire. Chaidh maill air an ionnsaigh gus an do lorgadh duine eile.	Chuir gunnathan-mòra an Riaghaltais às do ghunnathan-mòra nan Seumasach agus thòisich iad a' losgadh air rèisimeidean nan cinnidhean.



<p>+ 20–25 mionaidean</p>	<p>Ionnsaigh nan Gàidheal a' tòiseachadh. Bha còir aig an taobh a deas fuireach gus am biodh an taobh a tuath aig an aon ìre riutha agus gluasad air adhart mar aon gus buaidh a thoirt air loidhne aghaidh an Rìghhaltais. Ach ghluais an taobh a deas mus bu chòir dhaibh, agus bha an ionnsaigh ro luath agus mi-rianail.</p>	<p>Nuair a bha ionnsaigh nan Gàidheal 200m a-mach, dh'atharraich canan an Rìghhaltais bho bhith a' losgadh urchraichean iarainn gu urchraichean canastair/<i>grapeshot</i>. Tha seo mar gum biodh e a' dèanamh a' chanain na ghunna-froise mòr, uabhasach.</p> <p>An uair sin, nuair a bha an ionnsaigh 50m a-mach, loisg saighdearan an Rìghhaltais na musgaidean.</p> <p>Coisridh an Rìghhaltais a' losgadh 3 tursan sa mhionaid, ann an òrdugh loidhne bholaidd – a' ciallachadh gu bheil musgaid air a losgadh a h-uile 6 diogan.</p>
<p>+ 30 mionaid</p>	<p>An taobh a deas a' ruigheachd loidhne aghaidh an Rìghhaltais le musgaidean an Rìghhaltais a' losgadh orra.</p> <p>Chaidh taobh a tuath feachd nan Seumasach ann am boglach.</p> <p>Aig an aon àm tha an eachraidh Sheumasach san dara loidhne a' gluasad timcheall gus loidhne dìon a dhèanamh an aghaidh Mailisi Earra-Ghàidheal agus Saighdearan-eachraidh Hawley ann an Lann Chùl na Cuinneig.</p>	<p>B' e na rèisimeidean a bu mhòtha a dh'fhairich an Ionnsaigh Ghàidhealach an fheadhainn air an taobh dheas, Barrell, Monro's agus Royal Scots Fusiliers. A rèir fear dhe na h-oifigearan ann an rèisimeid Monro, chaidh 6 buill musgaid tro chòta.</p>
<p>+ 35 mionaidean</p>	<p>Bha na saighdearan Gàidhealach an sàs ann an sabaid chruaidh dòrn ri dòrn.</p> <p>An Ionnsaigh Ghàidhealach a shoirbhich air a cuartachadh agus an dara loidhne aig an Rìghaltas a' losgadh mhusgaidean airson 2-3 mhionaidean. Chaidh mu 700 a mharbhadh aig ceann a Tuath an achaidh agus bha na Seumasaich an sàs sa bhoglach.</p>	<p>An dara loidhne air an taobh dheas a' gluasad air adhart. A' mhòr-chuid dhe na chaidh a leòn no a mharbhadh às na rèisimeidean aig Barrell agus Monro.</p>
<p>+ 40 mionaid</p>	<p>Thòisich na Seumasaich a' tilleadh dhan iar tarsainn na mòintich. Bha dara loidhne nan Seumasach gan dìon. Thug Mailisi Earra-Ghàidheal, fo Chàilean Caimbeul, ionnsaigh air na Seumasaich air an taobh dheas ann an Lann Chùl na Cuinneig. Dh'fhàg am Prionnsa Teàrlach còmhla ri luchd-dìon.</p>	<p>Rèisimeidean a' toirt leum air adhart tarsainn raon a' bhlàir lem beugalaidean an òrdugh. Thòisich Mailisi Earra-Ghàidheal, le Càilean Caimbeul air an ceann ann an Lann Chùl na Cuinneig, a' losgadh air na Seumasaich a bha air an ratreut. An eachraidh a-nis sa chath.</p>
<p>+ 45 mionaidean is 60 mionaid</p>	<p>Na rèisimeidean gu lèir air an ratreut. Mu 1,500 marbh no leòinte air an raon.</p>	<p>Thug Cumberland òrdan dhan eachraidh a dhol às dèidh nan Seumasach a bh' air an ratreut. 'S e 50 àireamh oifigeil nan marbh air taobh an Rìghhaltais, ach 's iongantach gu bheil seo ceart.</p> <p>Bha taigh Leanach air a chleachdadh mar ospadal air an raon dha na 243 saighdear is oifigear dhen Rìghaltas a bh' air an leòn.</p> <p>Cha tug feachd an Rìghhaltais cobhair sam bith dha na Seumasaich a bh' air an leòn. Cha robh prìosanaich-cogaidh ann ach an fheadhainn bho na Rèisimeidean Rìghail Frangach aig an Royal Ecosse agus Piquets na h-Èireann. Bha càch air am meas mar luchd-brathaidh.</p>
<p>17 Giblean 1746</p>	<p>Choinnich na Seumasaich a bha beò aig Taigh-feachd Ruadhainn, Cinn a' Ghiùthsaidh</p> <p>Thug am Prionnsa Teàrlach Eideard Stiùbhart an iomairt aige gu crìch agus thòisich e a' feuchainn ri teiche à Breatainn.</p>	<p>Cumberland agus na feachdan aige a' gabhail Inbhir Nis thairis a-rithist.</p> <p>Raon a' bhlàir 'dùinte' is chan eil cead aig duine a dhol air no dheath.</p> <p>Chaidh na leòintich air taobh an Rìghhaltais a ghlusadh a Thaigh Bhaile an Athain ann an Inbhir Nis.</p>





### Cùil Lodair agus a bhuidh For-ghlacadh an Rìghaltais

Bha aig Feachd an Rìghaltais, fo cheannardas an Diùc, ri mì-rian na Gàidhealtachd a mhùchadh, am Prionnsa a ghlacadh agus tilleadh dhan phrìomh chogadh ann am Flannrais cho luath 's a ghabhadh.

San 12 mhios an dèidh Blàr Chùil Lodair chaidh bailtean gearastain Chille Chuimein, An Gearasdar agus Inbhir Nis a chur fo eagal agus an sgiùrsadh. Boireannaich a dheigheadh a lorg a' toirt fasnachadh do Sheumasaich air an leòn, no feadhainn a bha a' teiche, dheigheadh an rannsachadh, glè thrìc ann an dòigh bhorb; agus duine sam bith aig an robh ball-airm, dheigheadh a mharbhadh. Cha robh a' chuid bu mhotha dhen fhòirneart agus dhe na h-uabhasan a chaidh a dhèanamh air a' Ghàidhealtachd ag amas air duine sònraichte sam bith. Cha robh e gu diofar cò bhiodh ann. Bha feachdan an Rìghaltais agus Rìghaltas Bhreatainn ann an Lunnainn a' tòirt òrdain fhallsa, Sheumasach 'gun tròcair' mar adhbhar airson na bha iad a' dèanamh.

Gu h-ìosal tha earrann à litir a sgrìobh an Caipitean Tòmas, à rèisimeid Wolfe, air 31 Cèitean 1746 agus tha e a' toirt cunntas air feachd an Rìghaltais a' gabhail thairis Chille Chuimein agus a' Ghlinn Mhòir.

*"Tha sinn a' campachadh faisg air tobhtaichean Chille Chuimein. Tha na teantaichean againn am measg crodh nam miltean bheanntan, oir bidh na buidhnean againn a' tighinn a-steach le treudan dhiubh gach uair a thìde... Tha ar companaich a' fàs cho reamhar 's nach fhada a bhios iad eòlach air iomairt. Tha sinn anns na beanntan, agus tha cuid dhiubh 7 mìle a dh'àirde. An dèidh sin, gach latha tha sinn a' togail phioramaidean nas àirde na sin, air an dèanamh de thoit. Tha mi an-dràsta fhèin a' faicinn deich air fhichead taigh na theine.*

*Tha am Màidsear Lockhart air ais à Inbhir Mhoireastan far an do mharbh e seachd duine deug, a' crochadh cuid dhiubh bhon sàilean. Loisg e ceithir ceud taigh agus thill e ceithir ceud deug de chrodh dubh. Tha am Morair Sackville a' dèanamh an aon rud ann an Gleanna Seile. Cha do chum Gleanna Garradh ri fhacal, agus a-nis tha a thaigh agus a thìr nan teine..."*

Tha earrann gu h-ìosal bho Uilleam Kerr, Iarla Ancram, fear-uasal Albannach, gu Sir Everard Fawkenor, Rùnaire Diùc Chumberland a chaidh a sgrìobhadh air 25 Ògmhios 1746 agus a chuireadh air falbh à Obar Dheathain. An seo tha Uilleam Kerr a' bruidhinn air mar a bha na Seumasaich a' seasamh an aghaidh for-ghlacadh armailteach ann an ceann an ear-thuath na h-Alba, agus a' bhuidh an nan toireadh iad ionnsaigh air saighdearan an Rìghaltais.

*"Bha an t-oifigeach à rèisimeid Loudon a bha os cionn a' Ghearastain bhig ... air dithis saighdearan a chur le copaidh dhe na teisteanasan ... a bha rin toirt do reubaltaich a ghèilleadh ... [nuair a] a thug còighear no sinar Reubaltaich a bha am falach san tìr ud ionnsaigh air na daoine, agus loisg iad orra. Fhuair iad às le chèile, ach chaidh fear dhiubh a leòn.*



*Thug mi òrdain sa bhad dha na ministearan iad taighean nan daoine a ghèill a chomharrachadh airson gum biodh iad sàbhailte, ach aig an aon àm, thug mi òrdan an tìr mun cuairt a losgadh agus a sgrios. Agus dh'ìarr mi air na ministearan, iad innse dha na coitheanail aca Didòmhnaich, ge bith càit an deigheadh ionnsaigh a thoirt air fear a bhuineadh dhan Rìgh, gum bu chòir dèiligeadh ris an tìr sin san aon dòigh. Tha mi an dòchas gun do rinn mi an rud ceart.*

SP 54/32/24E An Tasglann Nàiseanta

## Prìosanaich bhon '45

Chan eil tuairmsean earbsach ann air an àireimh a chaidh a mharbhadh an dèidh Chùil Lodair. Às dèidh a' bhlàir, dh'fhaodadh fir, mnathan agus clann a bhith air an cur an grèim fo amharas a bhith nan Seumasaich, no a' taobhadh ri na Seumasaich, agus an cur fo chasaid brathaidh.

A rèir clàir eachdraidh, chaidh 3,471 neach a chur an grèim agus dhan phrìosan air feadh Bhreatainn; chaidh cuid a chumail air bàtaichean son feachdan a ghiùlan no air seann bhàtaichean prìosain a bha air acair eadar Bàgh Bhun Lòchaidh air Linne Mhoireibh agus an Thames ann an ceann a deas Shasainn; bha cuid eile a chaidh a chumail ann an dùin armachd air an cur gu feum às ùr eadar Dùn Tilbury ann an Essex agus seilearan thaighean ann an Inbhir Nis.

Bha cùisean uabhasach sna h-àitichean sin agus bha cus dhaoine annta.

Air sgàth 's na bha de phrìosanaich a' feitheamh ri dhol dhan chùirt, chaidh crainn a chur airson dearbhadh cò bha a' dol dhan chùirt: bha 1 às gach 20 a' dol dhan chùirt airson brathadh, agus nam biodh iad air am meas ciontach, dh'fhaodadh an cur gu bàs, gu tràilleachd no am fògradh.

Chaidh 3,471 neach a chur an grèim, agus dhiubh sin chaidh 936 a chur nan tràillean a dh'aitichean mar na h-Innseachan an Iar, chaidh 120 a chur gu bàs agus chaidh 1287 a shaoradh.

B' ann dhan Roinn Eòrpa agus a dh'Ameireaga a Tuath a chaidh na Seumasaich a fhuair air teiche às a' Ghàidhealtachd agus à Breatainn an dèidh Blàr Chùil Lodair.

Fhuair cuid dhen fheadhainn a theich air adhart uabhasach math. B' e fear dhiubh sin John Wedderburn, Maighstir Bhlackness, a bha mu 16 aig àm a' bhlàir.

Bha esan air a bhith ann an Rèisimeid Ogily; bha athair ann an Lifeguards a' Phrionnsa, agus chaidh a ghlacadh agus a chur gu bàs air 28 Samhain 1746. Ach thug John Iameuga a-mach, agus bha planntachas siùcair aige an sin. Mu dheireadh, b' ann aige a bu mhotha a bha de thalamh ann an Iameuga. Thill John Wedderburn a dh'Alba ann an 1769. Tha e ainmeil mar a' chiad fhear ann an Alba a thugadh dhan chùirt leis an tràill Afraganach aige, Joseph Knight, airson a shaorsa fhaotainn.



## Sitheachadh

Air 1 Lùnastal 1746 chaidh Achd an Toirmisg a chur an gnìomh mar phàirt de phròiseact gus a' Ghàidhealtachd a ghabhail a-steach a theaghlach Bhreatainn agus stad a chur air comas a bhith aca ar-a-mach a dhèanamh.

Bha an Achd a' còmhachadh sgìre Dhùn Bhreatann agus taobh a tuath Liobhann, Sruighlea agus tuath air abhainn Fhoir, Peairt, Ceann Chàrdainn, Obar Dheathain, Inbhir Nis, Inbhir Narann, Cromba, Earra-Ghàidheal, Farfair, Banbh, Cataibh, Gallaibh, Eilginn agus Ros.

Bha grunn phrìomh amasan aig Achd an Toirmisg 1747:

### 1. Dì-armachadh Gàidhealtachd na h-Alba

Cha robh cead aig duine claidheamh-leathann, targaid, biodag-chaol, cuinnsear no biodag, daga, gunna no ball armachd sam bith eile a bhith aca, a ghiùlan no a chleachdadh. Bha seo na leudachadh air Achd an Dì-armachaidh 1716 a chuir stad air ball-airm de sheòrsa sam bith a bhith aig muinntir na Gàidhealtachd. Bha aig daoine ri na buill-airm aca a chur a-steach air latha àraidh ann an àite àraidh.

Nan deigheadh duine fhaicinn le buill-airm an dèidh an latha sin, dheigheadh an cur an grèim agus dh'fheumadh iad còig nota deug Sasannach a phàigheadh, sin £180 ann an airgead Albannach.

Mura gabhadh seo a phàigheadh, dheigheadh an neach a chumail an grèim airson mìos. Mura biodh an t-sùim pàighte an taobh a-staigh mìos bho latha an dìtidh, dh'fhaodaist an cur a dh'Ameireaga mar shaighdearan.

Nan deigheadh agad air a' chàin a phàigheadh, agus gun deigheadh do ghlacadh an dara turas le buill-airm thoirmisgte, dheigheadh do chur *'thar a' chuain airson seachd bliadhna'*.

### 2. A' bacadh èideadh Gàidhealach

*"...cha chuir fear no gille, sa chuid sin de Bhreatainn ris an canar Alba, a bharrachd orrasan a than nan oifigearan no nan saighdearan ann am feachdan an Rìgh, air chor sam bith air an t-aodach ris an canar Èideadh Gàidhealach ('s e sin ri ràdh) fèile, fèile-beag, briogais, criosan guailne, no pàirt sam bith eile dhen aodach Ghàidhealach..."*

A' chiad turas a dheigheadh duine a ghlacadh le èideadh Gàidhealach air, dheigheadh a chur dhan phrìosan airson 6 mìosan, agus an dara turas 's dòcha gun deigheadh a chur a null thairis gu fear de phlanntachasan an Rìgh airson 7 bliadhna.

### 3. A' bacadh ar-a-mach san àm ri teachd le bhith a' dèanamh cinnteach nach biodh clann no òigridh air an teagasg le daoine reubaltach no mì-thoilichte

Airson seo a dhèanamh stèidhich an Rìghaltas siostam gus sùil a chumail air luchd-teagaisg agus air ionadan-foghlaim, agus a' gabhail a-steach cuideachd ceithir oilthighean na h-Alba agus sgoiltean poblach. Dh'fheumadh maighstirean-sgoile, tidsearan, ministearan sgoile, taoitearan no neach sam bith a bha a' stiùireadh chloinne no òigridh ann an Alba bòidean a ghabhail do Dheòrsa II, oighrean agus a shliochd agus bha aca ri ùrnaigh a dhèanamh airson an teaghlach rìoghail len ainmeachadh. Bha seo air a bhith ann bho na 1690an agus bha e air a dhaigneachadh leis an Achd.



Bha luchd-foghlaim cuideachd air an casg bho bhith a’ dol a thaisghean-coinneimh Easbaigeach, agus chaidh iomadh taigh-coinneimh a chur na theine. Nan deigheadh luchd-foghlaim a ghlacadh a’ teagasg gun teisteanas, no a ghlacadh ann an taigh-coinneimh Easbaigeach, dheigheadh an toiseach a chur dhan phrìosan airson 6 mìosan, agus air an dara eucoir, dheigheadh a chur gu na planntasan ann an Ameireaga fad a bheatha. Nan tilleadh iad a Bhreatainn, bhiodh e sa phrìosan an còrr dhe bheatha.

Thug seo buaidh air Albannaich a rinn sabaid, agus a thug taic, dhan Riaghaltas rè Bliadhna Theàrlaich (1745.) Bha cuid de luchd-taic an Riaghaltais aig tuath a bha dhen bheachd gur e brathadh mòr a bha sa phròiseas sìtheachaidh.

## Deireadh linne

An dèidh Chùil Lodair, thug Teàrlach Eideard Stiùbhart òrdain dha na Seumasaich iad sgapadh agus chaidh e fhèin am falach. Bha an t-ar-a-mach seo seachad dhàsan agus bha e a’ dol a dhèanamh a shlighe air ais dhan Fhraing. An dèidh greis mhath de theiche is de fhalach, rinn e a’ chùis air.

Ach cha do leig Teàrlach idir ar-a-mach eile às a cheann.

Sgrìobh Teàrlach litir air 5 Samhain 1746 gu Louis XV, Rìgh na Frainge ag iarraidh cuideachadh. Fhad ’s a bha Teàrlach a’ sgrìobhadh na litir, bha ceannardan nan Seumasach agus feadhainn a bha an sàs san ar-a-mach gan cur gu bàs agus gan cumail ann an suidheachadh a bha uile-gu-lèir uabhasach.

Tha an litir ag innse tòrr dhuinn mu bheachdan Theàrlaich Eideird Stiùbhairt air an Ar-a-mach san 12 mìos an dèidh Chùil Lodair.

San litir tha Teàrlach a’ toirt eisimpleirean do Louis XV, Rìgh na Frainge, air an na h-adhbhair a dh’fhàillig an t-ar-a-mach. Tha e a’ cur na coire air an Fhraing airson nach tug iad seachad airgead no goireasan. Tha e a’ crìochnachadh na litreach le bhith a’ toirt cothrom eile do Louis VX. Nan toireadh an Fhraing dha eadar ochd mìle deug is fichead mìle duine, b’ urrainn do Theàrlach ar-a-mach Seumasach eile fhaighinn gu dol sa bhad. Tha tònna na litreach a’ sealltainn gu bheil Teàrlach a’ sior fhàs cùlach. Chan inns e idir na planaichean aige do Louis san litir, agus cha dèan e sin nas lugha na chì e Louis e fhèin. Tha e a’ crìochnachadh na litreach le bhith ag ràdh nach bu chòir do Rìgh na Frainge dragh a ghabhail bhon a bha na planaichean seo nam pàirt de dh’amasan na Frainge agus de thoil Dhè.

Cha bhiodh Teàrlach air ceann ar-a-mach gu bràth tuilleadh, agus ann an iomadh dòigh, b’ e deireadh linne a bh’ ann an Cùil Lodair.





# Goireas Ionnsachaidh Chùil Lodair

Litrichean a chuir Teàrlach Eideard Stiùbhart gu Louis XV, Rìgh na Frainge.

## Sgrìobhainn 1

Clichy, 5 Samhain 1746

An cois seo, Monsieur, tha litir dhan Rìgh: chan eil fios aig aon duine beò gu bheil mi a' sgrìobhadh, no mun dòigh sa bheil mi a' cur na litir. Tha Mgr Kelly, an teachdaire, na fhear air a bheil meas mòr agam agus tha e earbsach. Ach a dh'aindeoin cho earbsach 's a tha e, chan eil fhios aige air sion dhe na tha san litir, bhon a tha mi droch-amharasach mun h-uile duine, mar a tha mi a' creidsinn a tha fios agad. Tha a h-uile earbsa agam na do chàirdeas dhomh, agus faodaidh tu fhèin a bhith a cheart cho cinnteach asam-sa.

Do dheagh charaid

Teàrlach P.

## Sgrìobhainn 2

Monsieur mo Bhràthair agus mo Cho-ogha,

Tha an t-urram agam a bhith a' sgrìobhadh gu ur Mòrachd mus fhalbh mi a Fontainebleau, agus tha mi a' gabhail orm a chur an cèill dhuibh gun do rinn mi not bheag dhe na gnothaichean sa bheil mi an sàs, agus gu bheil mi an dòchas gum bi an t-urram agam a toirt dhuibh gu nur làmhnan. Mar as luaithe, 's ann as fheàrr. Bidh mi a' feitheamh ur freagairt le fadachd a thaobh an latha agus an dòigh sam bi sibh dhen bheachd e bhith freagarrach a leithid a thoileachas a thoirt dhomh.

Ma tha ur Mòrachd dhen bheachd gum biodh e iomchaidh dhomh tighinn gu diomhair, dh'fhaodainn seo a dhèanamh còmhla ri companach, agus a bhith ann an àite sam bith a fhreagradh oirbh, gun fhios do dhuine. Tha mi a' gabhail cùram mòr gun chàil a dhèanamh gun ur comhairle iarraidh, anns gach nì agus anns gach àite.

Tha e na urram dhomh, Monsieur, a bhith na mo dheagh bhràthair agus na mo cho-ogha dher Mòrachd,

Teàrlach P

Clichy, 5 Samhain 1746



### Sgrìobhainn 3

#### Mémoire

Tha an suidheachadh a dh'fhàg mi ann an Alba airidh air làn-aire ur Mòrachd. Tha an rìoghachd seo an impis a bhith air a cur à bith, agus tha riaghaltas Shasainn coma ach na daoine a bha dileas dhòmhsa, agus a rinn sabaid dhomh, a chur troimh-a-chèile. Bhon sin tha e furasta fhaicinn gu bheil mi-thoileachas na rìoghachd seo fad' is farsaing, agus an-diugh gum faighinn trìuir luchd-taic airson gach aon a fhuair mi nuair a ràinig mi.

Bhithinn gur mealladh nan canainn gum buannaichinn Alba a-nis. Ma bhios tìde aig a' Phàrlamaid air a' gheamhradh seo na laghan peanaid a chur an gnìomh an sin, bu chòir do ur Mòrachd dòchas air mòr-chaochladh san dùthaich ud a leigeil seachad gu bràth. Agus dhòmhsa, cha bhiodh dòigh eile ann ach ann an cùirtean ìochdarain m' athar, an Rìgh, nam biodh e a rèir toil an Fhreasdail cuimhneachadh air.

Cha robh daoine fo armachd gann ann an Alba. An àite sin, dh'ionndrainn mi airgead, biadh agus beagan shaighdearan – le dìreach aon dhe na goireasan sin, bhithinn na mo mhaighstir air Alba an-diugh, agus tha mi a' creidsinn air Sasainn cuideachd.

Le trì mìle saighdear àbhaisteach, bhithinn air briseadh a-steach a Shasainn sa bhad an dèidh am Morair Cope a chur fodha. An dèidh sin cha bhiodh dad air stad a chur orm Lunnainn a ruigheachd, seach nach robh an Electair [Deòrsa II] an làthair agus nach robh feachdan Shasainn air tilleadh fhathast.

Nam biodh goireasan gu leòr air a bhith agam, dh'fhaodainn a bhith air a dhol an dèidh a' Mhorair Hawley aig Blàr na h-Eaglaise Brice, agus a bhith air an fheachd aige, flùr feachdan Shasainn, a sgrìos.

Nam bithinn air fiù 's dara leth an airgid a chuir ur Mòrachd thugam fhaotainn dìreach dà mhios na bu tràithe, dh'fhaodainn a bhith air am Prionnsa Uilleam à Hanobhair [Diùc Chumberland] a choinneachadh le àireamh cho-ionann de shaighdearan, agus bhithinn air a chur fodha, oir fiù 's le ceithir mìle saighdear an aghaidh dà mhìle dheug, chùm mi a' dol greis mhath, agus bhiodh dìreach mìle is dà cheud de shaighdearan àbhaisteach, rianail air toirt air a' chùis a dhol leam, agus gu follaiseach dhan fheachd agam.

Dh'fhaodaist an call a chur ceart fhathast nan toireadh ur Mòrachd dhomh feachd de ochd mìle deug no fichead mìle saighdear. 'S ann dhàsan a-mhàin a dh'innseas mi dè tha mi am beachd a dhèanamh leotha; cleachdaidh mi iad gu m' fheum-sa agus gu fheum-san. Chan eil sgaradh eadar na feumalachdan sin, agus bu chòir dha na h-uile aig a bheil an t-urram tighinn a dh'ionnsaigh ur Mòrachd, agus aig a bheil ur Glòir, agus math ur Rìoghachd, nan cridhe, gabhail ris an sin.



## Eachdraidh-beatha

### Teàrlach Eideard Stiùbhart (31 Dùbhlachd 1720 - 31 Faoilleach 1788)



Tha Teàrlach Eideard Stiùbhart glè thric aithnichte mar an *Tagraiche Òg*. Thàinig sin bhon fhacal airson tagraiche ann am Fraingis, *Chevalier*, agus an dèidh Ar-a-mach nan Seumasach ann an 1745 mar Teàrlach Òg Stiùbhart. B' esan an dara tagraiche air crùintean Shasainn, Alba agus Èirinn agus bha e aithnichte mar Theàrlach III bho chaochail athair ann an 1766.

Rugadh Teàrlach sa Phalazzo Muti san Ròimh, agus b' e am mac bu shine aig

Seumas Francis Eideard Stiùbhart agus Maria Clementina Sobieska, Bana-phrionnsa na Pòlainn.

San Iuchar 1730, thàinig a' bhreac air Teàrlach, agus sin a' bhliadhna a bhruidhinn daoine air an droch dhol-a-mach aige. Tha beachd ann gur dòcha gun deach an dol-a-mach aige na bu mhiosa air sgàth 's nach robh pòsadh stèidheil eadar a phàrantan agus air sgàth 's gun robh tinneas inntinn orra. Chaidh an dol-a-mach aige na bu mhiosa is na bu mhiosa, agus mu dheireadh, ann an 1733, thug Teàrlach breab dhan taoitear aige, agus mhaoidh e a mharbhadh nam feuchadh an taoitear ri smachdachadh a-rithist. Chaidh Teàrlach a chumail air leth airson seachdain gus an do chiùinich e.

Ann an 1734, nuair a bha Teàrlach 13, chuir athair a Naples e far an robh am mac a b' òige aig Rìgh na Spàinne a' cur Gaeta fo sheist. Chaidh seanalair dhen *Artillery* a dhèanamh dheth, agus bha e air a mheas mar fhear òg, tlachdmhor. B' ann an uair sin a thòisich riochdairean Bhreatainn a' tuigsinn gun robh e na chunnart fada na bu mhotha na bha athair riamh.

Ann an 1742 bha athair Theàrlaich airson gun dèanadh Teàrlach pòsadh math, cumhachdach. Bha e airson gum pòsadh Teàrlach an dara nighean aig Louis XV, ach cha robh ùidh aig Louis sa chùis. Ann an 1743 bha brunndail ann gun toireadh Louis Teàrlach a Pharis nuair a bheireadh Louis ionnsaigh air Lunnainn. Cha

robh dearbhadh sgrìobhte sam bith aig Teàrlach air a' chùis, ach rinn e às dhan Fhraing mas fhìor a shealg gus beachdairean Bhreatainn a chur troimh-a-chèile.

Thug dealas agus fòcas Theàrlaich dhan Fhraing e, agus an uair sin a dh'Alba ann an 1745 ged nach robh taic aige bhon Fhraing – 's dòcha gur e misean sònraichte so-àicheadh a bha seo dhan Fhraing.

Cha deach gabhail ris gu math nuair a thàinig e a dh'Alba – thuir daoine aig àrd inbhe ris e thilleadh dhachaigh. Rè Bliadhna Theàrlaich, 1745, bha Teàrlach ann am breug-riochd ministear Sasannach. Tha sin a' sealltainn gun robh blas Sasannach no Èireannach air a chainnt. Dh'ionnsaich e a' Ghàidhlig ann an 1745.

An dèidh feachd bheag a thogail air taobh nan Seumasach ann an Gleann Fhionnainn aig toiseach cùise, agus taic a bharrachd fhaotainn air an t-slighe gu deas, bha e doirbh do Theàrlach smachd a chumail air daoine, agus bha e tric ag argamaid ris a' Mhorair George Murray, Lieutenant Seanalair Feachd nan Seumasach.

An dèidh Derby, thòisich Teàrlach ag òl barrachd, agus cha bhiodh e a' dùsgadh gu 9m, nuair a chleachd e bhith air a chois ann an Dùn Èideann ro 4m. Ro 6 Giblean 1746 dhiùlt Teàrlach coinneamh cogaidh a chumail oir cha robh e airson gum faigheadh na comanndairean aige buaidh air mar a thachair ann an Derby. Bha sgaraidhean a' nochdadh ann an ceannardas nan Seumasach.

Ann am Blàr Chùil Lodair, chaidh losgadh air each Theàrlaich agus a shadail a-mach foidhe. An dèidh dha call, dh'fhàg e raon a' bhlàir le cuideachadh.

An dèidh do dh'ar-a-mach 1745 fàilligeadh, agus an dèidh dha tilleadh dhan Fhraing, bha am Prionnsa Teàrlach Eideard Stiùbhart airson treiseag na ghaigseach san Roinn Eòrpa.

B' e briseadh-dùil mòr a bha na bheatha an dèidh Chùil Lodair. Chaidh fhuidhadh às an Fhraing ann an 1748 agus chuir e seachd na deich bliadhna an dèidh sin ag obair air planaichean gun fheum.

Ann an 1750 chuir e roimhe gun deigheadh e air ceann Ar-a-mach Seumasach. Chaidh e a Lunnainn agus chuir e seachd greis còmhla ri Seumasaich à Sasainn, ach cha tàinig sin gu càil. Chaochail athair, Seumas Francis Eideard Stiùbhart ann an 1766.

Bha Teàrlach dhen bheachd gun toireadh am Pàp dha tiotal an Rìgh mar a bh' air a bhùileachadh air athair. Cha do thachair sin, agus ann an 1772 phòs Teàrlach a bha 52, a' Bhana-phrionnsa Louise Stolberg-Gedern a bha



20. B' e pòsadh poilitigeach a bha seo, agus bha Teàrlach an dòchas gun toireadh e air a' Phàp esan aithneachadh mar rìgh dligeach Bhreatainn agus gun toireadh an Fhraing iasad airgid dha airson Ar-a-mach eile. Ach cha do thachair sin.

Ann an 1780 dh'fhàg a' Bhana-phrionnsa Louise of Stolberg-Gedern Teàrlach. Bha i a' cumail a-mach gun robh Teàrlach a' dèanamh droch dhiol oirre; bha a co-aisean san fharsaingeachd a' creidsinn na chuir i às a leth, agus chaidh i a dh'fhuireach a mhanachainn airson greis.

Bha Teàrlach a' falbh le boireannaich eile fad a bheatha. B' e an tè a b' ainmeile dhiubh Clementina Walkinshaw, à Glaschu, ris an do choinnich e aig àm Bliadhna Theàrlaich ann an 1745. Bha nighean aca air an robh Charlotte.

Ann an 1783, shoidhnig Teàrlach achd dligeachais às leth na h-ighinn dhiolain Charlotte, a rugadh ann an 1753 do Chlementina Walkinshaw. Thug e an tìotal 'Bana-dhiùc Albany' do Charlotte ann am Moraireachd na h-Alba agus an tìotal 'A Mòrachd Rìoghail', ach cha tug gin dhe na h-urraman sin còir do Charlotte air a' chrùn.

Chaochail e san Ròimh ann an 1788, na dhrungair truagh, a bha a bhean agus a luchd-taic air a thrèigsinn.

e air a bhith a' sabaid san Roinn Eòrpa aig àm Cogadh Còir-seilbheachd na h-Ostair agus bha na saighdearan measail air. Dh'ath-nuadhaich Cumberland Feachd an Rìghaltais le bhith a' drileadh nan saighdearan, gam pàigheadh air an uair agus ag obrachadh còmhla ris a' Chabhlaich Rìoghail airson a bhith cinnteach gun robh goireasan agus taic aig an fheachd aige.

Cha do nochd Cumberland mòran tròcair nuair a ghlac e Carlisle, aig àm Ar-a-mach nan Seumasach, nuair a chroch e ceathrar phrìosanach am fianais a' chaisteil "mar eisimpleir air na dh'fhaodadh an còir a shùileachadh." Chuir cuid an cuimhne Chumberland gun robh cuid dhiubh a' dìon còir air beatha, saorsa agus seilbh a rèir an lagh, ach bha Cumberland ag ràdh gur ann air sgàth 's nach robhar cruaidh gu leòr an dèidh ar-a-mach 1715 a chum na Seumasaich a' dol agus a thàinig iad am bàr a-rithist.

Aig Blàr Chùil Lodair, bhruidhinn Cumberland ri na saighdearan ron bhàr agus thuir e "*Duine sam bith nach eil airson pàirt a ghabhail, leig leatha bruidhinn gu saor, agus gheibh iad an saorsa le toleachas.*"


Bha Cumberland a' coimhead air an Ar-a-mach mar leudachadh dhen chogadh an aghaidh na Frainge. Mar sin bha ri cur às do dh'iomairt sam bith gus nach cleachdadh an Fhraing e mar aghaidh eile airson sabaid.

Chuir Cumberland taic ri mòran ghluasadan laghail an aghaidh na Gàidhealtachd, mar Achd a' Bhacaidh. Nuair a chuala Horace Walpole gun deach Cumberland ainmeachadh airson companaidh air choreigin, thuir e, "Ma tha, biodh e air na Bùidsearan," agus sin mar a fhuair e am far-ainm seachdainean an dèidh Chùil Lodair. Lean am far-ainm sin agus chaidh a chleachdadh gu mòr le na Tòraidhean agus a bhrosnachadh le Prionnsa na Cuimrigh, bràthair Chumberland.

Chuir cuid fàilte air an obair a rinn Cumberland ann an Alba agus airson stad a chur cunnart bho na Seumasaich. Chaidh na rinn an Diùc a chomharrachadh le teachd-a-steach de £25,000 gach bliadhna a bharrachd air an airgead a bha e a' faighinn bhon liost chatharra. Chaidh seirbheis buidheachais a chumail ann an Cathair-eaglais Naoimh Phòil. B' ann sin a chaidh an laoidh-molaidh aig Handel, *See the Conquering Hero Comes*, a chaidh a dhèanamh gu sònraichte do Chumberland, a chluich an toiseach.

## Eachdraidh-beatha

### Eachdraidh-beatha Uilleam Augustus, Diùc Chumberland (15 Giblean 1721–31 Dàmhair 1765)



B' e Uilleam Augustus an dara mac aig Deòrsa II. Bho òige, bha e tapaidh agus comasach, agus b' e bu mheasaile le phàrantan seach a bhràthair bu shine, Fredrick, Prionnsa na Cuimrigh.

Bha eòlas armailteach aig Cumberland mus deach e air ceann feachd an Rìghaltais aig Cùil Lodair; bha





## Goireas Ionnsachaidh Chùil Lodair

Chuir Cumberland poileasaidh an gnìomh bho Riaghaltas Bhreatainn airson Gàidhealtachd na h-Alba a chleachdadh mar dhòigh air oifigearan ullachadh airson seirbheis sna coloinidhean an dèidh sin.

Ann an 1747 thill Cumberland a shabaid ann an Cogadh Còir-seilbheachd na h-Ostair. Bha 90,000 san fheachd aige, agus chaidh an cur fodha le Marshall Saxe nuair a bha Cumberland a' dìon Maastricht air 2 Iuchar 1747. Cha mhòr nach deach Cumberland a ghlacadh san t-sabaid agus b' ann air èiginn a thàrr e às.

An dèidh Cogadh Còir-seilbheachd na h-Ostair, chuir Cumberland seachad a' chuid bu mhotha dhen ùine sa choille ann a' Windsor mar Fhear-raoin – dh'fhastaidh e na ceudan de shaighdearan a bha a-mach às an arm airson loch air a bheil Virginia Water a thogail agus airson mòran chraobhan a chur. Tha iad sin ann fhathast an-diugh.

Nochd Cumberland co-fhaireachdainn agus taic dha na seann shaighdearan, ach cha do nochd e co-fhaireachdainn sam bith do mhuintir an àite. Bha e a' ruith Coille Windsor ann an dòigh chruaidh, agus thug e spionnadh às ùr dha na cùirtean a bha a' cur laghan choilltean an gnìomh, agus chuir e stad air daoine bho bhith a' dol dhan Phàirc Mhòr a chruinneachadh fiodh seach gun robh iad a' cur dragh mas-fhior air eòin-sheilg.

An dèidh bàs Fredrick, bha mòran connspaid ann air cò bhiodh na thànaiste do Dheòrsa III nam biodh feum air. Seach gun robh e gu math coltach gum bàsaicheadh Deòrsa II, a bha 67, mus biodh Deòrsa George III aosta gu leòr airson an crùn a ghabhail.

Bha Deòrsa II airson gum biodh a mhac na thànaiste, ach thuir an luchd-comhairleachaidh gun robh Cumberland cho lugha air daoine is gum biodh e cunnartach a dhèanamh na thànaiste oir bha mòran dhen bheachd gun robh Cumberland ag iarraidh a' chruin dha fhèin.

Chaill Cumberland taic athar sa Ghiblean 1757, còrr is 10 bliadhna an dèidh Chùil Lodair. Chaidh a chur dhan Roinn Eòrpa a chuideachadh Prussia agus airson dèanamh cinnteach nach biodh dòigh aig Hanobhair a bhith air a for-ghlacadh leis an Fhraing. Gus a luchd-taghaidh a ghleidheadh, thug Deòrsa II làn-chumhachd dha mhac airson dèiligeadh ris an Fhraing fhad 's nach gabhadh Hanobhair taobh seach taobh, agus nach toireadh iad an còrr cuideachaidh do Phrussia.

Nuair a fhuair Deòrsa II a-mach nach obraicheadh seo, dh'atharraich e inntinn. Cha robh e a-nis airson gun cuireadh Cumberland ainm ri cùmhnannt. Ach cha deach innse do Chumberland na òm, agus bha e air ainm a chur ri aonta còmhla ris an Fhraing aig Kloster-Zeven air 8 Sultain. Seach gur e an ìre mhath gèilleadh a bha seo, cha do ghabh Deòrsa II ris agus chuir e Cumberland às a dhreuchd agus thill e dhachaigh na chùis-mhaslaidh.

Bha an fhàilte a chuireadh air ann an Lunnainn air 11 Dàmhair 1757 glè eadar-dhealaichte bhon fhàilte a chaidh a chur air an dèidh buannachadh aig Cùil Lodair. Thuir an rìgh ris 'gun do mhill e a rìoghachd agus fheachd, agus gun do mhill e, no gun do chail e, a chliù fhèin.' Leig Cumberland seachad a h-uile coimisean armailteach.

Air 21 Lùnastal 1760 thàinig stròc air. Ged a fhuair e comas labhairt air ais, cha b' urrainn dha a bhith air a dhol an ceann feachd tuilleadh. Goidid an dèidh sin, chaochail Deòrsa II. B' e Cumberland am prìomh neach-bròin a bh' air an tiòdhlachadh aige. Dh'fhàg athair dileab de £180,000 aige, agus thug e sin dha pheathraichean.

Bha Deòrsa III a' cur luach mòr air Cumberland mar chomhairliche. 'S e a chuir air dòigh rianachd Rockingham agus cha mhòr nach e ministreachd Chumberland a bha sin. Bha coinneamhan dhen

chaibineat air an cumail ann an Loidse Chumberland agus anns an taigh aige air Upper Grosvenor Street. B' ann nuair a bha e aig coinneamh na dhachaigh ann an Lunnainn air 31 Dàmhair 1765 a thuit e marbh. Chaidh a thiodhlacadh ann an Abaid Westminster air 9 Samhain.



## Beag-fhaclair nan abairtean

Monarcachd làn-chumhachd	San t-seòrsa monarcachd seo tha làn-chumhachd aig a' mhonarc thar nan daoine; chan eil crìochan idir air a' chumhachd phoilitigich a tha aig monarc le làn-chumhachd thar na stàit agus thar nan daoine.
Achd an Rèiteachaidh 1701	Achd de Phàrlamaid Shasainn. Seach nach robh oighre aig an Rìgh Uilleam III agus a' Bhan-rìgh Màiri II, no aig a' Bhan-rìgh Anna, chaidh an achd seo a chur an gnìomh airson còraichean seilbheachd crùn Shasainn is crùn Èirinn a rèiteachadh.  Fon achd seo, dh'fheumadh crùn Shasainn agus Èirinn a dhol gu sliochd dlìgheach na h- <i>Electress</i> Sophia à Hanobhair (ogha do Sheumas VI na h-Alba agus I Shasainn) agus a h-oighrean neo-Chaitligeach.  Chaochail Sophia air 8 Ògmhios 1714, ro bhàis na Banrìgh Anna air 1 Lùnastal 1714, agus an uair sin thàinig mac Sophia gu bhith na Rìgh Deòrsa I agus thòisich an rìoghrachas Hanobhaireach.  B' e an cuideam a chuir Sasainn air Alba gabhail ri Achd an Rèiteachaidh fear dhe na h-adhbhair a bh' air cùl aonadh an dà dhùthaich ann an 1707.
Achdan an Aonaidh 1707	B' e dà achd air leth a bha seo, aon ann an Alba agus aon ann an Sasainn, a chuireadh an gnìomh air 1 Cèitean 1707. Air an latha seo, dh'aon Pàrlamaid Alba agus Pàrlamaid Shasainn agus chruthaich iad Pàrlamaid Bhreatainn, stèidhichte ann an Lùchairt Westminster ann an Lunnainn, a bha roimhe na dhachaigh do Phàrlamaid Shasainn. Mar sin, canar uaireannan Aonadh nam Pàrlamaidean ris an seo.
Beugaileid	Seo an lann bhiorach mheatailt aig ceann na musgaid. Chaidh a chleachdadh aig Cùil Lodair caran mar a dheidheadh pic-catha a chleachdadh.
Còir Dhlìgheach nan Rìghrean	Tha seo ag ràdh nach eil monarc cunntachail do dh'ùghdarras sam bith air thalamh, agus gu bheil a' chòir riaghlaidh a' tighinn thuca gu dìreach a rèir toil Dhè.  Chan eil an rìgh/a' bhanrìgh cunntachail do thoil nan daoine, dhan uaisleachd, no do roinn sam bith eile san rìoghachd no dhan Eaglais Chaitligich.  Tha e glè thric a' nochdadh san abairt "le Gràs Dhè," còmhla ri tìotal monarc.  Bha còir dhlìgheach a' toirt cumhachd cur às do laghan no bacadh a chur orra – Rinn Seumas VII & II sin do Chaitligich.
Easbaigeach	(Pròstanach) An dèidh Ar-a-mach Glòrmhor 1688, chaill iad cumhachd ann an Alba oir cha robh iad taiceil dhan Ar-a-mach Ghlòrmhor ann an 1688; bha iad glè thailleil dhan Ar-a-mach Sheumasach.
Ospadal achaidh	Ospadal sealach faisg air raon blàir airson cùram èiginn a thoirt do leòintich
Taobh	An taobh deas no dì aig de dh'òrdugh armailteach
Musgaid Spuir	B' e seo a' chiad bhall-airm coitcheann do shaighdearan. Bha iomad seòrsa musgaid gan cleachdadh ann an Ar-a-mach nan Seumasach ann an 1745 – a' mhusgaid fhada Brown Bess agus a' mhusgaid Fhrangach 1726. Bha Feachd an Rìghaltais a' cleachdadh na musgaid Brown Bess oir b' e sin musgaid àbhaisteach an airm; dh'fhaodadh na Seumasaich a' mhusgaid Fhrangach agus Brown Bess a chleachdadh. Nuair a bhuannaicheadh iad blàir ro Chùil Lodair, bhiodh na Seumasaich a' faighinn mhusgaidean Brown Bess mar dhuais.
Ar-a-mach 'Ghòrmhor' 1688	Seo nuair a chaidh Rìgh Seumas VII na h-Alba agus II Shasainn a chur far a' Chrùin airson an crùn a thoirt dhan Duitseach Uilleam III à Orange-Nassau agus a bhean Màiri. Chan eil an t-ainm air fhaicinn iomchaidh oir tha glòrmhor a' ciallachadh gun dòrtadh-falal – ach chaidh mòran fala a dhòrtadh ann an Èirinn is ann an Alba.
Arm an Rìghaltais	Seo an t-ainm airson arm àbhaisteach Bhreatainn (an dèidh 1707). Canar cuideachd arm Bhreatainn ris. Cha chanar Arm an Rìgh no an t-Arm Rìghail ris ged a bha an t-sin sin air san àm a dh'fhalbh oir, ann an dòigh, b' e Airm Rìghail a bh' ann an arm an Rìghaltais agus ann an arm nan Seumasach. Cha mhotha as e Arm Shasainn a th' ann oir an dèidh 1707 's e feachdan Breatannach a bh' ann le rèisimeidean bho air feadh Bhreatainn is nan coloinidhean. Bha rèisimeidean Albannach sa bhàr aig Cùil Lodair (me, Scots Fusiliers).



## Goireas Ionnsachaidh Chùil Lodair

Rioghachas Hanobhairianach	Seo an teaghlach Gearmailteach a bha a' riaghladh Sgìre-bhòtaidh Hanobhair agus thàinig iad gu crùn Bhreatainn ann an 1714 an dèidh bàs na Banrigh Anna.  Bha taigh Hanobhair a' riaghladh Bhreatainn is Èirinn gus an tàinig a' Bhana-phrionnsa Bhictoria of Kent chun a' chrùin: a rèir an lagh Saillig chan fhoadadh boireannach crùn Hanobhair a chur oirre agus mar sin chrìochnaich Rioghachas Hanobhair ann am Breatainn.
An Ionnsaigh Ghàidhealach	Seo an innleachd a bhiodh na rèisimeidh Seumasach a' cleachdadh le musgaidean agus buill-airm dòrn gu dòrn.
Tràilleachd air chùmhnannt	Chaidh mòran a chaidh an cur an grèim an dèidh Chùil Lodair a chur dha na h-Innseachan an Iar no dha na Coloinidhean mar thràillean ann an Ameireaga a Tuath. Bha an tràilleachd seo a' maireachdainn 7 bliadhna. Ma bha iad air obrachadh agus beò aig deireadh na h-ùine sin, bha iad air an saoradh.
Seumasach	Tha am facal <i>Jacobite</i> sa Bheurla a' tighinn bhon Laideann <i>Jacobus</i> . Sin Seumas sa Ghàidhlig. Bha na Seumasaich air an ainmeachadh air Rìgh Seumas VII agus II a bh' air fhògradh.
Clèireach	(Pròstanach) Mus deach Seumas II & VII fhògradh, cha robh cead aig Clèirich adhradh a dhèanamh, agus rinn John Graham à Claverhouse, Viscount Dundee, geur-leanmhainn uabhasach orra.  Bha Clèirich sa chumantas a' toirt taic dhan Ar-a-mach 'Ghlòrmhor' ann an 1688 agus do dh'Achdan an Aonaidh ann an 1707. Air sgàth sin, chaidh Eaglais na h-Alba fhaicinn mar eaglais Chlèireach leis a' mhonarc.
Propaganda	Fiosrachadh, gu h-àraidh fiosrachadh taobhach no claon, air a chleachdadh airson sealladh no adhbhar poilitigeach a chur air adhart.
Dearganach	Nochd an abairt Dearganach an dèidh Chùil Lodair agus chaidh tòiseachadh ga chleachdadh tric ann an Cogadh Saorsa Ameireaga sna 1760an. B' e na <i>Johnny Lobsters</i> a bh' orra aig àm Chùil Lodair.  Bha am facal Dearganach a' ciallachadh gun robh còtaichean dearga orra.
Achd na h-Ùpraid (1715)	"Achd gu feuchainn ri bacadh a chur air ùpraid agus air cruinnichidhean airmhriteach, agus airson litreach-ùpaid a pheanasachadh nas luaithe agus nas èifeachdaiche."
Ruaig	Saighdearan a chaidh a chur fodha a' dèanamh ratreut mì-rianail.
Rioghachas nan Stiùbhartach	B' e rioghachas Albannach a thòisich le Raibeart II faisg air deireadh a' cheathramh linn deug a bha sna Stiùbhartach. Ann an 1603, fo Aonadh nan Crùinteann, thàinig Seumas VI Alba gu bhith na Sheumas I Shasainn. Thàinig briseadh goirid ann an riaghladh nan Stiùbhartach leis a' Chofhlaitheas phoblachdach, ach chaidh a thilleadh ann an Alba ann an 1650 agus ann an Sasainn ann an 1660 le Teàrlach II na rìgh.  An dèidh Achdan an Aonaidh ann an 1707, b' e na Stiùbhartach a bha air ceann na stàit ùir air an robh Breatainn. Bha oighre dìreach nan Stiùbhartach air fhògradh ann an St Germans. Ach bha a' Bhanrigh Anna air coachladh gun oighre, agus ann an 1714 chaidh an crùn gu Taigh Hanobhair.  Ann am Beurla, dh'atharraich an litreachadh bho Stewart, air sgàth Sheumais VI & I, agus chaidh gabhail ris an litreachadh Fhraingis nuair a fhuair e crùn Shasainn ann an 1601. Sin an litreachadh àbhaisteach on uair sin.
Tòraidh	Bha na Tòraidhean nan luchd-poilitigs a bha a' toirt taic do dh'ùghdarras rioghaile (an seo na Stiùbhartach), agus dhan eaglais stèidhichte. Bha iad a' feuchainn ris an structair traidiseanta, poilitigeach a ghleidheadh agus bha iad an aghaidh atharrachadh pàrlamaideach. An dèidh 1834 b' fheàrr leis a' bhuidheann phoilitigeach ann an Taigh nan Cumantann am facal <i>Conservative</i> .
Brathadh	San 18mh linn, bha seo a' bualadh air còmhrag no a' feuchainn air an crùn a thoirt bho mhonarc.
Ar-a-mach	Spàirn an aghaidh ùghdarras; reubaltas. Canar Ar-a-mach ri còmhstri nan Seumasach gus nach bi e a' coimhead neo-dhligheach.
Whig	Bha na Whigs gu tur an aghaidh creideas ann am monarcachd le làn-chumhachd. An àite sin, bha iad ag iarraidh cumhachd chothromach eadar an rìgh agus a' phàrlamaid.



